

BÒRD NA GÀIDHLIG

Geàrr-chunntas Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

Diluain 21 Dàmhair 2019 aig 09.30

Chumadh a' choinneamh air fòn

Buill an lathair :

Màiri T NicAonghais (MTNA) [Cathraiche Eadar-amail]

Ailean Caimbeul (AC)

Dòmhnall MacLeòid (DML)

Joy Dunlop (JD)

A' Frithealadh:

Luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig

Shona NicIllinnein, Ceannard (SNI)

Ailig Greumach, Ceann an Ionmhais (AG)

Alasdair MacFhionghuin, Ceann nan Seirbheisean Corporra (AMF)

Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd (DB)

Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig (JW)

Steve Kellow (SK) – Nì 3.1 a-mhàin

1.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

1.1 Fàilte & Leisgeulan

Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine chun na coinneimh.

Chaidh leisgeulan a chlàradh bho Jennifer Gilmour [JG] is Johan Nic a' Ghobhainn (JNG)

1.2 A' Nochdadh Chom-pàirtean

Chaidh nochdadh chom-pàirtean a chlàradh bho AC, JD agus MTNA ann an Nì 2.1 ach chaidh co-dhùnadh a dhèanamh nach robh adhbhar do na Buill iad fhèin a thoirt às an deasbad seach gun robh an deasbad mu na prìomhachasan ro-innleachdail aig Bòrd na Gàidhlig seach a bhith a' deasbad air buidhnean fa leth sam bith.

BÒRD NA GÀIDHLIG

Minutes of the Board meeting

Monday 21 October 2019 at 09.30

Meeting held by telephone

Members present:

Mary T MacInnes (MTMI) [Interim-Chair]

Allan Campbell (AC)

Donald MacLeod (DML)

Joy Dunlop (JD)

In attendance:

Bòrd na Gàidhlig staff

Shona MacLennan, Ceannard (SML)

Alex Graham, Head of Finance (AG)

Alasdair MacKinnon, Head of Corporate Services (AMK)

David Boag, Director of Language Planning & Community Development (DB)

Jim Whannel, Director of Gaelic Education (JW)

Steve Kellow (SK) – Item 3.1 only

1.0 OPENING ITEMS

1.1 Welcome & Apologies

The Chairperson welcomed everyone to the meeting.

Apologies were recorded from Jennifer Gilmour (JG) and Johan Smith (JS).

1.2 Disclosure of Interests

Declarations of interest were recorded from AC, JD and MTMI in Item 2.1 but it was decided that as the discussion was on the strategic priorities of Bòrd na Gàidhlig rather than discussing any individual organisations that there was no reason for the Members to excuse themselves from the discussion.

2. ADHARTAS NAS LUAITHE

2.1 Adhartas nas Luaithe

Bhruidhinn SNI mun phàipear aice a' nochdadh a' mholaidh bhon Sgioba Stiùiridh mu bhith a' toirt cruth-atharrachadh air Bòrd na Gàidhlig agus air an dòigh as fheàrr don bhuidhinn gus an raon-ùghdarrais aice a libhrigeadh.

Rinn na buill deasbad agus chuir iad an taic ris an iomairt seo mu atharrachadh, ach chuir iad cuideam air cho cudromach agus a tha còmhraidh ris na prìomh-bhuidhnean maoinichte Gàidhlig. Thug SNI seachad eisimpleirean de chòmhradh a bha air tòiseachadh le cuid de na buidhnean agus dhaingnich i gun robh co-obrachadh is obair com-pàirteachais deatamach gus libhrigeadh èifeachdach a dhèanamh. Bhruidhinn DB mun cho-labhairt a bhios ga cumail leis na prìomh-bhuidhnean maoinichte Gàidhlig aig deireadh an na Samhna.

Co-dhùnadh

DH'AONTAICH na buill ris a' phlana mu chruth-atharrachadh gus Ìre Adhartais nas Luaithe a libhrigeadh.

Gnìomh

Ùrachadh air adhartas agus air a' chlàr-ama gus am pròiseas atharrachaidh a libhrigeadh ri cur ris a' chlàr-gnothaich aig coinneamh a' Bhùird air 11 Dùbhlachd 2019.

3.0 IONMHAS

3.1 Comunn na Gàidhlig

[Thàinig SK a-steach dhan choinneimh]

Bhruidhinn DB mun phàipear aige, agus thug e cùl-fhiosrachadh do na Buill mun iarrtas-mhaoineachaidh agus mu na bha ri ionnsachadh às.

Co-dhùnadh

An dèidh deasbaireachd, **DH'AONTAICH** na buill tabhartas £45k a bhuileachadh air Comunn na Gàidhlig airson pròiseact Spòrs Gàidhlig a rèir nan cumhaichean a bh'anns a' phàipear air am beulaibh.

[Dh'fhàg SK a' choinneamh]

2. FASTER RATE OF PROGRESS

2.1 Faster Rate of Progress

SNI presented her paper outlining the proposal from the Leadership Team on delivering transformational change for Bòrd na Gàidhlig and the optimum way for the organisation to deliver its remit.

Members discussed and supported this initiative for change, but stressed the importance of dialogue with the main-funded Gaelic organisations. SNI gave examples of discussions which had started with some of the organisations, and reinforced the co-operation and partnership working was key to effective delivery. DB spoke of the conference being held with the main-funded Gaelic organisations at the end of November.

Decision

Members **AGREED** to the plan for transformational change to deliver a Faster Rate of Progress.

Action

An update on progress and timetable for delivering the change process to be added to the agenda for the 11 December 2019 meeting of the Board.

3.0 FINANCE

3.1 Comunn na Gàidhlig

[SK joined the meeting]

DB spoke to his paper, and gave Members background information to the funding application and the lessons to be learnt.

Decision

After discussion, Members **AGREED** to award a grant of £45k to Comunn na Gàidhlig for the Spòrs Gàidhlig project on the conditions set out in the paper presented to them.

[SK left the meeting]

4.0 GISBE

[Dh'fhàg JD a' choinneamh]

4.1 Aithisg Sgrùdaidh

Thug SNI fiosrachadh do na buill mu sgaoileadh aithisg-sgrùdaidh don BhBC o chionn ghoirid, agus gun robh luchd-solair ICT Bòrd na Gàidhlig a' sgrùdadh tar-chur didseatach sam bith den aithisg sin an taobh a-muigh na buidhne.

4.2 Meal-an-Naidheachd

Chuir na buill meal-an-naidheachd air a' Chomunn Ghàidhealach air soirbheachadh a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail ann an Glaschu o chionn ghoirid. Chuir na buill fàilte cuideachd air maoinachadh £2m Riaghaltas na h-Alba do Chomhairle Baile Ghlaschu airson sgoil ùr Ghàidhlig anns a' bhaile.

Cha robh gnothach sam bith eile ri dheasbad agus thug an Cathraiche a' choinneamh gu ceann aig 11.30.

5. CEANN-LATHA NA H-ATH CHOINNEIMH

Thèid an ath choinneamh a chumail 11 Dùbhlachd 2019 aig Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis.

4.0 AOCB

[JD left the meeting]

4.1 Audit Report

SNI gave Members information on recent leaking of an audit report to the BBC, and that that Bòrd na Gàidhlig's ICT service providers were investigating any digital transmission of that report outwith the organisation.

4.2 Congratulations

Members recorded their congratulations to An Comunn Gàidhealach on the success of the recent Royal National Mod in Glasgow. Members also welcomed the £2m Scottish Government funding to Glasgow City Council for a new Gaelic school in the city.

There was no further business for discussion and the Chairperson brought the meeting to a close at 11.30

5. DATE OF NEXT MEETING

The next meeting will take place on 11 December 2019 at Great Glen House, Inverness.